

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Èisteachd)

**X229/12/01**

TEISTEANAIS DIMÀIRT, 26 CÈITEAN  
NÀISEANTA 1.00 PM – 1.40 PM  
2015

GÀIDHLIG  
AN ÀRD ÌRE

Roinn A: Èisteachd (Ceistean)

NATIONAL TUESDAY, 26 MAY  
QUALIFICATIONS 1.00 PM – 1.40 PM  
2015

GÀIDHLIG  
HIGHER

Section A Listening (Questions)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair a thìde agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.



**Roinn A: Èisteachd**

**Ùine: 40 mionaid**

*Comharraidhean*

**CEISTEAN**

1. A rèir an t-seanfhaicil, dè thachras ma phòsas duine?

\_\_\_\_\_ 1

2. (a) Dè tha fìor mu phòsaidhean san latha an-diugh?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 3

(b) Dè an t-sùim a tha air ainmeachadh?

\_\_\_\_\_ 1

3. Dè na dòighean anns an robh bannsean eadar-dhealaichte anns na seann làithean?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 3

4. Dè dhèanadh iad leis na tiodhlacan ro latha na bannse?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 2

5. Ainmich trì rudan a bhiodh daoine a' toirt seachad.

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 3

Comharraidhean

6. Carson a bha muinntir a' bhaile cho fialaidh?

---



---

2

7. Carson nach robh gainnead bìdh ann?

---



---

2

8. Dè an deasachadh a bha air a dhèanamh air a' bhiadh ron latha?

---



---



---

3

9. (a) Ciamar a bha boireannaich a' bhaile a' faireachdainn mun obair?

---

1

(b) Dè an dòigh anns an robh na boireannaich a' dol ris an obair?

---



---



---

3

10. A bharrachd air còcaireachd, dè an obair eile a bhiodh na boireannaich ris air latha na bainnse?

---



---

2

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

11. Cuin a bhiodh daoine a' dol dhachaigh?

---

---

2

12. Carson a tha daoine a' gearain mu na cuirmean bainnse spaideil a tha againn an-diugh?

---

---

2

**(30)**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

# X229/12/11

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2015

DIMÀIRT, 26 CÈITEAN  
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG  
AN ÀRD ÌRE  
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2015

TUESDAY, 26 MAY  
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG  
HIGHER  
Section A Listening (Transcript)

**This paper must not be seen by any candidate.**

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.



## STIÙIREADH DON TIDSEAR

### MA THA AN EARRANN RI LEUGHADH A-MACH (ANN AN ÈGINN A-MHÀIN)

1. Bu chòir feum a dhèanamh de na deich mionaidean mus tòisich an deuchainn airson eòlas mionaideach fhaighinn air an earrainn. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chom-pàirteachadh ris na sgoilearan.

2. Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:

Bidh 40 mionaid agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. Leughaidh an earrann a-mach, a' bruidhinn gu soilleir agus gu nàdarra agus gun barrachd air ceithir mionaidean a ghabhail ris an leughadh. Na mìnichibh dad le ur làmhan, le fiamh aodainn no eile.

*(A' CHIAD LEUGHADH DEN EARRAINN)*

4. Canaibh ris na sgoilearan:

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

5. Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin leughaidh an earrann an dàrna uair, anns an aon dòigh san do leugh sibh a cheana agus a' gabhail a cheart uiread ùine.

*(AN DÀRNA LEUGHADH DEN EARRAINN)*

6. Canaibh ris na sgoilearan:

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.

## STIÙIREADH DON TIDSEAR MA CHLUICHEAR AN CD

- 1. Tha an earrann air a clàradh dà thuras. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chom-pàirteachadh ris na sgoilearan.**
- 2. Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:**

Bidh 40 mionaid agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh nòtaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.
- 3. Tòisichibh an t-inneal.**

*(A' CHIAD CHLUICH DEN EARRAINN)*
- 4. Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal.**
- 5. Canaibh ris na sgoilearan:**

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.
- 6. An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.**

## EARRANN

### Bainnsean air a' Ghàidhealtachd

Tha an seanfhacal ag ràdh—mas math leat do mholadh, faigh bàs, mas math leat do chàineadh, pòs! Co-dhiù a tha seo ceart gus nach eil, tha e fìor gun teagamh, nuair a phòsas càraid san latha an-diugh, gu bheil an t-uabhas air a chosg air latha na bainnse agus air mìos nam pòg an dèidh làimhe. Eadar gach rud a tha a dhìth, thathar a' cumail a-mach gun cosg banais sa chumantas an-diugh còrr is deich mìle not.

Tha na tachartasan mòra seo gu tur eadar-dhealaichte bho na bainnsean a chaidh a chumail air a' Ghàidhealtachd anns na seann làithean. Cha robh e na chleachdadh aig daoine a dhol gu taighean-òsta spaideil airson cuirm na bainnse. Bhiodh banais-taighe aca agus thigeadh a' choimhearsnachd ri chèile airson gach rud a chur air dòigh. Agus abair cuirm! Thòisicheadh an deasachadh airson latha mòr na bainnse seachdainean ron àm agus bhiodh luchd a' bhaile uile an sàs san tachartas. Thigeadh daoine a choimhead air an teaghlach ro làimh agus bhiodh iad a' toirt leotha biadh agus rudan feumail eile. Bhiodh na tiodhlacan an-còmhnaidh air an taisbeanadh ann an dachaigh bean na bainnse ron àm: plaideachan-leapa, soithichean agus àirneis-taighe nam measg. Ged nach robh na daoine beairteach idir, chuir iad mòran suim ann am pòsadh agus bha e cudromach dhaibh deagh thoiseach tòiseachaidh a thoirt don chàraid òg.

Ged a bha obair chruaidh ann a bhith a' deasachadh airson banais-taighe, bhiodh spòrs agus toileachas na lùib cuideachd. Ged nach robh an t-airgead pailt sna làithean ud, cha robh gainnead bìdh ann idir oir bha daoine a' tighinn beò air biadh às an àite fhèin. Bhiodh aca ri gu leòr de chearcan a spionadh, feòil chaorach a bhruich agus càrn de bhuntàta a rùsgadh. Bha uallach air boireannaich a' bhaile an obair a dhèanamh agus chaidh iad ris an t-saothair sin le deòin. Mar sgioba èifeachdach sam bith, cha robh cabhag orra idir. Cha bhiodh na boireannaich chomasach seo idir a' dol nam boil agus bha iad math air a bhith ag obrachadh còmhla.

Nuair a bhiodh am pòsadh fhèin seachad, thilleadh a h-uile duine gu dachaigh bean na bainnse. A bharrachd air a bhith nan còcairean, bhiodh na boireannaich a' dol timcheall agus a' frithealadh air gach duine a fhuair fiathachadh.

Bhiodh an tachartas gu h-àraid a' còrdadh ris a' chloinn oir bhiodh tòrr fealla-dhà na lùib agus cha sguireadh iad a dh'ithe gus am biodh iad loma-làn. An dèidh na cuirme bhiodh dannsa agus òrain Ghàidhlig a' dol air adhart gus am biodh na casan aca goirt agus gach òran a b' aithne dhaibh air a sheinn. 'S e fìor thachartas coimhearsnachd a bh' ann am banais-taighe. Tha tòrr dhaoine a' caoidh nach eil a leithid de rud ann a-nis. Tha iad den bheachd gu bheil sinn a' cosg cus airgid air cuirmean bainnse spaideil agus gu bheil sinn air na seann chleachdaidhean agus spiorad na coimhearsnachd a chall.

[CRÌOCH NA H-EARRAINN]



FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Leughadh)


Grand  
Total

**X229/12/02**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2015

DIMÀIRT, 26 CÈITEAN  
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG  
AN ÀRD ÌRE

Roinn B(i): Leughadh  
Roinn B(ii): Sgrìobhadh  
Roinn B(iii): Litreachas

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2015

TUESDAY, 26 MAY  
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG  
HIGHER

Section B(i): Reading  
Section B(ii): Writing  
Section B(iii): Literature

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

**Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.**

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair a thìde agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



**Leugh an sgeulachd agus freagair nad fhacail fhèin na ceistean a tha ga leantainn.****Am Balla**

Nuair a bha i trì fichead 's a còig chaill i a cuimhne. Chanadh i ris 's e na shuidhe anns a' chathair, "Cò thu? Càit a bheil Cailean?" ('S e Cailean ainm-san). Air an oidhche bhiodh i cluinntinn rànaid leanaibh 's chanadh i ris, "Feumaidh mi èirigh 's faicinn dè tha tachairt".

Cha mhòr nach robh a chridhe a' briseadh. Cha robh e smaoinichadh gun tachradh seo 's cha robh e air e fhèin a dheisealachadh air a shon.

Aon latha fhuair e i anns an lobaidh le a màileid 's i dol a thogail oirre gu 'Cailean'.

Chuimhnich e air làithean geala na h-òige. Làithean dannsaidh. An latha a choinnich e rithe san earrach bhlàth sin an Glaschu. Ise cho òg le sùilean domhain uaine mar a' mhuir agus esan air ùr thighinn don bhaile. Nuair a bha i òg bha i tùrail agus dèantanach. Nuair a thigeadh e steach o obair bha an dinnean an-còmhnaidh deiseil. Bha dithis chloinne aca agus fhuair iad deagh thogail.

Ach a-nis bha balla eadar an dithis.

'S ann a bha i coltach ri strainnsear anns an taigh. Agus cha robh fhios dè cho fada 's a leanadh cùisean. Dh'fheumadh e bhith air faire gun sgur. Aon turas chuir i bròg don àmhainn a' smaoinichadh gu robh i còcaireachd. Bha i smocadh cuideachd 's bhiodh i leigeil às toitean air an làr.

Fhad 's a bha a' chlann a' fàs suas, dh'obraich e gu cruaidh. B' eadar dha uairean fada a dhèanamh gus taigh a chumail agus biadh a chur air a' bhòrd. Choisich an tìde air adhart ... no ruith i. Càit an deach na bliadhnaichean? 'S iomadh rud a chaidh seachad air. 'S iomadh rud a bha còir aige a ràdh agus a dhèanamh.

Chan eil càil nas miosa na seo, ars esan ris fhèin. Chan urrainn càil a bhith nas miosa na seo.

Agus 's e bu mhiosa buileach gu robh an dithis chloinne aca fad air falbh. Bha am mac ann an Afraga agus an nighean pòsta ann an Sasainn. Bha cho math dhaibh a bhith ann am fàsach aig crìochan an t-saoghail.

Nuair a bha e fhèin òg 's ann a' reic uinneagan a bha e. "Tha an uinneag seo tòrr nas fheàrr na an tè a th' agaibh," chanadh e, gu cinnteach. "Seallaibh cho mòr 's a tha i. 'S an solas a chì sibh a-nis. Faodaidh sibh an t-airgead a phàigheadh thairis air ùine." Agus cheannaicheadh iad na h-uinneagan ùra. Cò shaoileadh anns na làithean ud gu robh am balla seo a' feitheamh ris?

Bha piàno aca 's bhiodh i cluich nan amhran air an robh cuimhn' aice 's a bha co-cheangailte ri Cailean. Fuinn aighearach ach a bha a-nis air fàs tiamhaidh, trom. Chluicheadh i cho grinn sgiobalta iad uaireigin gun chorrach a chur ceàrr ach cha b' ionann sin a-nise. Bha e airson a làmh a ghabhail ach cha b' urrainn dha greimeachadh oirre. Bha i ro fhada air falbh. "Bha Cailean cho coibhneil," chanadh i, "ach chan eil thusa coibhneil. Bha e na b' òige na thusa. Tha thusa cho aost."

Bha e cho sgìtheil a bhith cumail faire gun sgur, cha mhòr gach mionaid anns an latha 's air an oidhche cuideachd. Bha e dìreach mar phrìosanach.

Bha cuimhn' aig' oirre na h-aparan gorm aig a' chucar. No a' cantainn ris a' chloinn, "Thuirt mi ribh gun a bhith sgrìobhadh air na ballachan le creidhean."

'S bhiodh iad uaireannan a' dol don sutha far am biodh na h-ainmhidhean mòra a' sealltainn riutha tro na bàraichean iarainn. Beathaichean air cùl bhallachan. Saoil an robh iad toilichte.

Thuir an dotair ris gu robh an tinneas do-leigheas. Bhiodh e uaireannan a' tighinn air feadhainn òga cuideachd. Dh'fhaighnich e dheth an robh e airson a cur ann a' Home. Ach bha e calg-dhìreach an aghaidh sin. Bha dleastanas a' cantainn ris, agus e a' smaoinichadh a-rithist air na làithean geala toilichte, "Feumaidh tu seo a ghiùlan leat fhèin." Agus uaireannan thigeadh an smuain thuige, "An e mise bu choireach ris a' ghalair a tha seo?"

\* \* \*

An latha bha seo fhuair e am bainne ri taobh an dorais aig meadhan-latha. "Dè thachair?" ars esan ris fhèin. "Bha dùil 'am gun do chuir mi e don frids."

Turas eile fhuair e am peile guail aig an doras cuideachd. Turas eile chuir e an coire dealain air mullach a' chucair, 's theab e leaghadh air falbh. Turas eile thàinig fear a' bhainne chun an dorais, 's thuir e ris, "Cha do phàigh thu mi airson a' bhainne." Agus bha e fhèin a' smaoinichadh gun do phàigh. "Tha am balla a' briseadh," thuir e ris fhèin. "Chan eil fhios nach coinnich sinn ri chèile ann an àite gun chuimhne."

Bha am balla air tuiteam gun teagamh. Bha e ro dhuilich a chumail slàn.

Bha a h-uile càil a' teiche bhuaithe. Bha saoghal ùr a' briseadh, saoghal gun chuimhne.

Uaireannan bha e feuchainn ri cuimhneachadh air ainm ach cha robh e tighinn thuige. Bha e cur dheth ainm, Cailean, mar a chuireas nathair dhith a craiceann.

*Stèidhichte air sgeulachd le Iain Mac a' Ghobhainn*

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

**CEISTEAN**

1. (a) Ainmich aon rud o thoiseach na sgeulachd a tha a' sealltainn gu bheil bean Chailein a' call a cuimhne.

\_\_\_\_\_

1

- (b) Carson a dh'fhàg seo Cailean le cridhe briste?

\_\_\_\_\_

1

2. Tha Cailean a' cuimhneachadh air 'làithean geala na h-òige' agus 'làithean dannsaidh'. Dè a tha sin ag innse dhuinn mun àm sin nam beatha?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

3. Ciamar a dh'fhaodadh cunnart a bhith ann do Chailean mura robh e a' cumail sùil air a bhean?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

4. (a) Cò ris a bha Cailean coltach nuair a bha e òg agus a' reic uinneagan?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

- (b) Tog a-mach dà abairt a tha a' sealltainn seo.

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

5. Ciamar a tha an ceòl agus an comas a bh' aig bean Chailein air cluich air a' phiàno air atharrachadh?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

*Comharraidhean*

6. Saoil dè tha Cailean a' ciallachadh nuair a tha e ag ràdh, "Cha b' urrainn dha greimeachadh oirre. Bha i ro fhad air falbh"?

---



---

2

7. Dè an coimeas a tha an sgrìobhadair a' dèanamh nuair a tha Cailean a' cuimhneachadh mu na beathaichean anns an sutha?

---



---

2

8. Saoil carson a thuirt an dotair gum bi an tinneas a' tighinn air feadhainn òga cuideachd?

---



---

2

9. (a) Carson nach robh Cailean airson a bhean a chur ann a' Home?

---



---

2

- (b) Dè na h-adhbharan a dh'fhaodadh a bhith aig Cailean airson a' choire a chur air fhèin airson mar a thachair dha bhean?

---



---

2

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

10. (a) Ainmich dà rud a tha Cailean a' dèanamh, aig deireadh na sgeulachd, a tha a' sealltainn gu bheil rudeigin a' tighinn air.

---



---

2

- (b) Ciamar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh seo soilleir don leughadair?

---



---

2

11. “Bha e a' cur dheth ainm, Cailean, mar a chuireas nathair dhith a craiceann.”  
Dè tha seo ag innse dhuinn mun atharrachadh a tha air tighinn air Cailean?

---



---

2

12. A' smaoinich air an sgeulachd air fad, mìnich dè cho freagarrach 's a tha an tìotal 'Am Balla' airson na sgeulachd seo.

---



---

2

**(30)**

**Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.**

1. Dachaigh ùr.  
Sgrìobh mun chuspair seo ann an dòigh iomchaidh sam bith. **(30)**
  
2. “Tha ceanglaichean teaghlaich a’ fàs nas laige air sgàth gu bheil an òigridh a’ cur seachad cus tìde air an eadar-lion”.  
Beachdaich air a’ chuspair seo, a’ cur dà thaobh na h-argamaid. **(30)**
  
3. Thoir dealbh air cuideigin inntinneach aig an robh buaidh mhòr air do bheatha, ag innse cò ris an robh e no i coltach agus carson a tha e/i cho cudromach dhut. **(30)**
  
4. Sgrìobh stòiridh fo AON den dà thìotal seo:  

(a) An duine aig an uinneig.

**No**

(b) An latha a chaill mi an trèana. **(30)**
  
5. “Nan robh mise nam phrìomh-mhinistear . . .” **(30)**

**[Tionndaidh an duilleag**

**Freagair AON cheist:**

**ROSG (Prose)**

1. Tagh nobhail neo sgeulachd ghoirid far an e an dàimh eadar dà character a' phrìomh chuspair. Innis mun dòigh anns a bheil an dàimh seo air a chur an cèill agus a' bhuaidh a tha aige air an sgeulachd. (30)
2. Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail a ghlac d' aire agus innis mar a thug i buaidh ort gu pearsanta. (30)
3. Tagh sgeulachd neo nobhail far a bheil an sgrìobhadair a' cruthachadh suidheachadh sònraichte. Innis mar a tha seo air a chur an cèill agus thoir do bheachd air dè cho math is a rinn an sgrìobhadair seo. (30)

**BÀRDACHD (Poetry)**

4. Tagh pìos bàrdachd a bhrosnaich thu gu mòr. Mìnich na dòighean anns a bheil a' bhàrdachd ga do bhrosnachadh agus mar a rinn an sgrìobhadair seo. (30)
5. Tagh pìos bàrdachd mu dheidhinn àite neo duine sònraichte. Seall mar a chleachd am bàrd diofar dhòighean airson dealbh a thoirt dhuinn air an àite no an duine ann an dòigh a tha a' glacadh d' aire. (30)
6. Tagh dà phìos bàrdachd le sgrìobhadair is toil leat. Innis beagan mun bhàrd agus na cuspairean air am biodh e/i ri bàrdachd. Mìnich mar a tha na beachdan pearsanta aige/aice a' nochdadh anns an dà dhàn a thagh thu. (30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



**[DUILLEAG FHALAMH]**

**NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO**

### MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i)	Leughadh / 30
B(ii)	Sgrìobhadh / 30
B(iii)	Litreachas / 30
<b>Grand Total</b>	<b>120</b>

## ACKNOWLEDGEMENT

Roinn B(i): Leughadh – Extract is adapted from “*Na Guthan*” by Iain Crichton Smith.  
Reproduced by kind permission of Donalda Henderson.